

# Nòiseanan do dhaoine eile

Cairtean Shuidheachaidhean

'S toigh le Raibeart Jessica, tha iad nan caraidean. Chòrdadh e ri Raibeart Jessica fhaighinn mar bhràmair. Dè as urrainn do Raibeart a dhèanamh?

Mar as trice bidh Lauren agus Sergei a' coiseachd dhachaigh còmhla às dèidh na sgoile. Tha Lauren ag iarraidh breith air làimh air Sergei. Chan eil Sergei ag iarraidh ach gum bi iad nan caraidean, chan eil e airson breith air làimh oirre. Dè as urrainn do Sergei a dhèanamh?

Gach turas a thig seanmhair Daniel air chèilidh bidh i a' faighneachd air beulaibh a h-uile duine: "Nach eil bràmair agad fhathast?" Bidh e air a nàrachadh gu mòr. Dè as urrainn do Daniel a dhèanamh?

Tha Isabella agus Beth nan caraidean. Tha cuid den chloinn a' magadh orra ag ràdh gum feum e bhith gu bheil iad nam bràmairean. Tha seo sàrachail. 'S toigh leotha a chèile ach chan e gnothach neach eile a th' ann. Dè as urrainn do Isabella agus Beth a dhèanamh?